

## SO-MHAOIN MARA CHAILLEANNACH EARRANTA

### ACHD NA MARA (ALBA) 2010

#### RIAGHAILTEAN OBRACH NA MARA (MEASADH BUaidH ÀRAINNEACHDAIL) (ALBA) 2017 (MAR A CHAIDH ATHARRACHADH)

Tha fios ga thoirt seachad leis an seo gu bheil So-mhaoin Mara Chailleannach Earranta (CMAL) clàraichte fo chlàradh companaidh SC295316 ann an Togalaichean na Comhairle, Sràid Fore, Port Ghlaschu, PA14 5EQ air tagradh a chur gu Ministearan na h-Alba airson ceadan maraireach is dreidsidh fo earrann 20 de Achd na Mara 2010 *gus togail agus dreidseadh* airson ùrachaidhean air Port-aiseig an Tairbeirt air an Tarbeart, Eailean na Hearadh (co-chomharran domhan-leud agus domhan-fhad: 57°53.805'N 06°47.997'W (WGS84)). Tha na h-obraichean molta umhail do mheasadh buaidh àrainneachdail fo Riaghailtean Obrach na Mara (Measadh Buaidh Àrainneachdail) (Alba) 2017 (mar a chaidh atharrachadh) ("Riaghailtean EIA").

Tha lethbhreacan de na tagraidhean a' gabhail a-steach planaichean a' sealltainn an làraich, còmhla ri lethbhreac de dh'aithisg Measaidh Buaidh Àrainneachdail ("aithisg EIA") a' deasbad obraichean molta CMAL gu mionaideach agus taisbeanadh anailis air na buaidhean àrainneachdail, rim faotainn airson an sgrùdadh an-asgaidh aig: Togalach a' Phuirt-aiseig, An Cidhe, An Tairbeart, HS3 3DG aig na h-amannan a leanas:

- Diluain, Diciadain, Dihaoine - 6:00m. - 5:30f.
- Dimàirt, Disathairne - 9:00m. - 8:00f.
- Diardaoin - 9:00m. - 5:00f.
- Didòmhnaich - 8:00m. - 10:00m. agus 5.30f. - 6.30f.

Faodar Aithisg EIA a chomhead air-loidhne aig <http://marine.gov.scot/ml/ferry-terminal-development-tarbert-isle-harris> agus <http://www.cmassets.co.uk/project/skye-triangle-infrastructure-works/>. Gheibhear lethbhreacan de dh'aithisg EIA bho Fiona NicEanraig aig Affric Earranta (fòn: 01808 521498 air chosgais de £100 airson lethbhreac pàipeir agus an-asgaidh air CD (a' gabhail a-steach postachd is pacadh). Tha lethbhreacan de ghearr-iomradh goirid neo-theicnigeach rim faotainn an-asgaidh.

Bu chòir riochdachaidhean sam bith a bhith dèante ann an sgrìobhadh gu an ùghdarras iomchaidh air post-d gu: [ms.marinelicensing@gov.scot](mailto:ms.marinelicensing@gov.scot) no sa phost gu Riaghaltas na h-Alba, Sgioba Obraichean Ceadachaidh Eòlas-mara na h-Alba, Saotharlann Mara, 375 Rathad Bhioctòiria, Obar Dheathain AB11 9DB, a' comharrachadh nan obraichean molta agus a' sònrachadh adhbharan gearain no taic, gun a bhith nas fhaide na 23<sup>mh</sup> Màrt 2019. Dh'fhaodadh gum beachdaich Ministearan na h-Alba air riochdachaidhean às dèidh a' chinn-latha seo. Bu chòir ceann-latha a bhith air na riochdachaidhean agus ag ainmeachadh gu soilleir ainm (ann an litrichean mòra) agus an làn seòladh puist-d no postachd an fheadhainn a tha a' dèanamh an riochdachaidh.

Bidh tagradh sam bith às dèidh sin le CMAL de fhiosrachadh a bharrachd gu Ministearan na h-Alba air fhoillseachadh anns an aon dòigh ris an tagradh làithreach a' gabhail a-steach foillseachadh air na làraichean-lìn gu h-àrd. Bu chòir do riochdachaidhean a thaobh fiosrachadh a bharrachd an dèanamh air an aon bhunait 's a tha air iomradh gu h-àrd.

An dèidh beachdachadh air na tagraidhean airson ceadan maraireach fo earrann 20 de Achd na Mara (Alba) 2010 agus Riaghailtean EIA, dh'fhaodadh Ministearan na h-Alba:-

- na ceadan maraireach a bhuileachadh le no às aonais chùmhnanntan nan lùib; no
- na tagraidhean a dhiùltadh

#### Fios Pròiseas Cothromach

Bidh Sgioba Obraichean Ceadachaidh Eòlas-mara na h-Alba aig Riaghaltas na h-Alba ("MS-LOT") a' giullachd thagraidhean fo Achd na Mara (Alba) 2010. Tron phròiseas co-chomhairleachaidh faodaidh riochdachaidhean sgrìobhte an cur gu Ministearan na h-Alba.

Ma ghairmeas Ministearan na h-Alba Rannsachadh Ionadail Poblach ("PLI") thèid lethbhreacan de riochdachaidhean a chur gu Buidheann-stiùiridh Ath-thagraidhean Planaidh is Àrainneachdail airson am beachdachadh leis an Neach-aithisg aig àm an rannsachaidh. Thèid na riochdachaidhean sin a phostadh air an làraich-lìn aca ach cha tèid an dàta pearsanta fhoillseachadh (m.e. ainm agus seòladh) oir tha seo air a thoirt às ro-làimh ann an gèilleadh don Achd Dìon Dàta 1998.

Faodaidh tu roghnachadh do riochdachadh a chomharrachadh dìomhair, nuair a bhios e air a bheachdachadh a-mhàin le Ministearan na h-Alba agus cha tèid a roinn leis an ùghdarras planaidh, an tagraiche, an Neach-aithisg (ma thèid PLI a ghairm) no treas phàrtaidh sam bith eile.

Ma bhios ceistean no draghan sam bith agad mun dòigh sam bi an dàta pearsanta agad air a làimhseachadh, cuir fios gu MS-LOT air post-d gu: [ms.marinelicensing@gov.scot](mailto:ms.marinelicensing@gov.scot) no sa phost gu Riaghaltas na h-Alba, MS-LOT, Eòlas-mara na h-Alba, Rathad Bhioc tòiria, Obar Dheathain AB11 9DB.